



# Aibidil na Gàidhlig

**A** airson Ailm, seadh, a' chiad chraobh, Ulmus glabra ri fhaicinn anns gach taobh.

**B** airson Beithe – clachach, dubhach no beag A' fàs an lùib nan carraig is nan creag.

**C** Coll (amhach, a rèir Dwelly no sgrios) Ach calltainn san t-seagh seo, tha fios.

**D** airson Darach, buidhe no uaine – Ged nach i 's àirde, chan eil cus nas buaine.

**E** airson Eadha no critheann air chrith 'S e fhathast na sheasamh gun strì sam bith.

**F** ann am Fender is Frankia alni airson Feàrn A' togail ceann anns gach ceàrn.

**G** Gort, nach goirt gun ghort anns a' ghort Ri linn a' ghaisidh 's an t-acras ort.

**H** nach cluinn thu ann an Uath 'S a chì thu gu farsaing mun tuath.

**I** airson Iogh, seadh, 's e sin an t-iubhar A' fàs anns a' chladh fo dhubhar.

**L** airson Luis, a a' fàs anns gach ball Sa bheinn, sa ghleann 's às a' chloich ud thall.

**M** airson em, dè, ò aye airson Muin An lùib na th' ann de Luis, ruis is nuin.

**N** airson Nuin – na leigheas is na dhìon Ann an sìde nan seachd sian 's a h-uile sìon.

**O** airson Onn mar chraobh na beatha Eadar Caol Loch Aillse 's Caol Reatha.

**P** airson Beith Bhog. Abair gu bheil i snog! Is ged a tha i beag, chan eil i buileach bog.

**R** airson Ruis – an tè 's luaithe air fad Gu cur nan duilleagan a-mach anns gach bad.

**S** airson Seileach, seall thar Loch Seile 'S i ri siosarnaich 's ri sileadh thall san taobh eile.

**T** airson Teine, siuthad, nach dèan thu suidhe, Chan ann an cois na cagail' ach mun chonasg bhuidhe.

**U** airson ur no iubhar anns a' mhonadh, Am fear mu dheireadh a' fàs ann, mo ghonadh.